



Montaidh

aig an tràigh



Diana Bentley • David Melling



Seo Montaidh.

'S e uilebheist mòr tapaidh a th' ann.

Seo Tofaidh, a charaid.

Tha Tofaidh laghach.

Là bha siud chaidh Montaidh agus

Tofaidh dhan tràigh.

Chunnaic iad bàta air an tràigh.



“An cuidich thu mi?”
thuirt Montaidh.



“Cuidichidh,”
thuirt Tofaidh.



“Seall an t-iasg,”
thuirt Montaidh.



“Càite?”
thuirt Tofaidh.



“Seall an t-iasg mòr,”
thuirt Montaidh.



“’S e siorc a th’ ann!”
thuirt Tofaidh.



“Cuidich sinn!”
thuirt iad.